

# **Litir do Luchd-ionnsachaidh**

## le Ruairidh MacIlleathain

### **Ainmean-àite Gàidhlig Mhoireibh**

*Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,322. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 1,018 corresponds to Litir 1,322. The Litir is also available at [www.bbc.co.uk/litir](http://www.bbc.co.uk/litir) and [www.learnghaelic.scot/litir](http://www.learnghaelic.scot/litir). Ruairidh can be contacted at [fios@learnghaelic.scot](mailto:fios@learnghaelic.scot).*

Bha mi riamh dhen bheachd gu bheil ainmean-àite fìor chudromach ann an saoghal nan Gàidheal. Far a bheil a' Ghàidhlig **ga bruidhinn** fhathast, no far nach eil ceist gu bheil dualchas Gàidhealach ann, tha ainmean-àite a' daingneachadh a' cheangail a th' againn leis an tìr. Tìr ar dùthchais.

Ach tha ainmean-àite cudromach cuideachd ann an sgìrean far a bheil cuid a' cumail a-mach nach robh a' Ghàidhlig riamh ann. O chionn iomadach bliadhna bha mi a' ruith cùrsa mu dheidhinn na Gàidhlig do bhuidheann ann am Moireibh. Bha nàimhdeas ann a bha iongantach. Bha cuid anns a' bhuidhinn a' **dol às àicheadh** gun robh Gàidhlig riamh ann am Moireibh. Le Achd na Gàidhlig, bha na h-ùghdarrasan nàiseanta a' sparradh na Gàidhlig orra, nam beachd fhèin.

Rinn mi mo dhìcheall innse dhaibh gun robh iad ceàrr. Ach 's e latha doirbh a bh' ann. Bha mi a' beachdachadh an uair sin air an dòigh as fheàrr airson muinntir na sgìre a thoirt gu tuigse gu bheil a' Ghàidhlig mar phàirt dhen dualchas aca. Bha mi dhen bheachd gum biodh e math nan sgrìobhadh cuideigin le eòlas leabhar mu dheidhinn ainmean-àite Gàidhlig Mhoireibh. Chan urrainn do dhuine dhol às àicheadh gun robh Gàidhlig ann nan robh muinntir an àite a' fàgail ainmean-àite Gàidhlig air an tìr.

Uill, tha mi toilichte ri aithris gu bheil a leithid de leabhar ann a-nise. Chaidh '*Gaelic Place-Names of Moray*' a chur ri chèile le Iain Mac an Tàilleir. Tha Iain na sgoilear dhen chuspair agus buinidh e fhèin do Mhoireibh. 'S e an duine as fheàrr airson a leithid a sgrìobhadh. Chaidh an leabhar fhoillseachadh le Buidheann Ghàidhlig Mhoireibh.

Tha an leabhar air a roinn ann an seachd caibideilean, stèidhichte air tursan a ghabhas dèanamh ann an carbad no, tha fhios, air rothair. Tha an t-ùghdar ag innse dhuinn mu na h-àiteachan air an t-slighe, agus tha ciall nan ainmean aig deireadh an leabhair.

Mar eisimpleir de na tha anns an leabhar, nì mi gearr-chunntas air a' chiad chaibideil – Eadar Losaidh is Spè – *From Lossie to Spey*. Tha an turas a' tòiseachadh ann an Inbhir Losaidh no *Lossiemouth*. Tha an t-ùghdar ag innse dhuinn gur e a' Ghàidhlig thùsail a th' air an *River Lossie* – Uisge Losaidh – agus gu bheil e a' ciallachadh '*vegetation river*'.

Tha an turas rathaid a' crìochnachadh aig Baile na Dalach no, ann an dreach na Beurla, *Ballindalloch 'the settlement at the haugh'*. Air an rathad, chithear Machair Mhoireibh no *the Laich of Moray*, baile Eilginn no *Elgin* a tha a' ciallachadh 'Èirinn' agus bithear a' leantainn *Mannoch Road no Rathad nam Manach*. Tha a' Ghàidhlig a' ciallachadh '*the road of the monks*' ach tha Iain Mac an Tàilleir dhen bheachd gur dòcha gur e an Rathad Meadhanach '*middle road*' an dreach a bh' air bho thùs.

Tha an t-slighe a' dol tro àiteachan eile le ainmean Gàidhlig. Tha *Rhynagairn* ann, no Ruigh nan Càrn '*the shieling of the cairns*', agus *Glenlatterach* no Gleann Leitreach '*sloping glen*'. Tha *Rothas* ann, no Ràthais ann an Gàidhlig. Tha sin a' ciallachadh '*fort place*'. Tha *Craigellachie* ann – no Creag Eileachaidh '*the rock at the stony place*'.

Tha an leabhar beag seo làn fiosrachaidh mar sin. Bu chòir do lethbhreac dheth a bhith anns a h-uile dachaigh ann am Moireibh!

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** Moireibh: *Moray*; nàimhdeas: *hostility*; Achd na Gàidhlig: *The Gaelic Language Act*; Iain Mac an Tàilleir: *Iain Taylor*; Buidheann Ghàidhlig Mhoireibh: *The Moray Gaelic Group*; tùsail: *original*; chithear: *can be seen*.

**Abairtean na Litreach:** tha ainmean-àite a' daingneachadh a' cheangail a th' againn leis an tìr: *place names confirm the link we have to the land*; tìr ar dùthchais: *the land of our dùthchas*; far a bheil cuid a' cumail a-mach nach robh a' Ghàidhlig riamh ann: *where some people maintain that Gaelic never was [spoken]*; bha na h-ùghdarrasan nàiseanta a' sparradh na Gàidhlig orra: *the national authorities were forcing Gaelic on them*; nam beachd fhèin: *in their own opinion*; rinn mi mo dhìcheall innse dhaibh gun robh iad ceàrr: *I made a sincere effort to tell them they were wrong*; gum biodh e math nan sgrìobhadh cuideigin le eòlas leabhar mu dheidhinn X: *that it would be good if an informed person wrote a book about X*; nan robh muinntir an àite a' fàgail ainmean-àite Gàidhlig air an tìr: *if local people were leaving Gaelic place names on the land*; buinidh e fhèin do Mhoireibh: *he himself belongs to Moray*; air a roinn ann an seachd caibideilean: *divided into seven chapters*; stèidhichte air tursan a ghabhas dèanamh ann an carbad: *based on journeys that can be done in a vehicle*; nì mi gearr-chunntas air a' chiad chaibideil: *I'll summarise the first chapter*; an dreach a bh' air bho thùs: *its original form*; bu chòir do lethbhreac dheth a bhith anns a h-uile dachaigh: *there should be a copy in every home*.

**Puing-chànain na Litreach:** Far a bheil a' Ghàidhlig **ga bruidhinn** fhathast: *where Gaelic is still spoken*. This is one way of forming a passive verb – with *ga* and the verbal noun. It is not lenited because Gaelic is conceptually and grammatically feminine. It is broadly equivalent semantically to far a bheilear a' bruidhinn na Gàidhlig fhathast. Chan eil Lochlannais ga bruidhinn ann an Alba tuilleadh '*Norse is no longer spoken in Scotland*'; tha cànanan gu leòr gam bruidhinn anns an Roinn Eòrpa '*many languages are spoken in Europe*'.

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** Bha cuid anns a' bhuidhinn a' dol às àicheadh gun robh Gàidhlig riamh ann am Moireibh: *some in the group were denying that Gaelic was ever [spoken] in Moray*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA